



Aithisg Ullachaidh à Bùth-obrach 1

Geàrr-chunntas

Tèama na bùth-obrach: Ath-bheòthachadh cànan, gluasadachd agus cruth-atharrachadh coimhearsnachd

Air a deasachadh leis an Dr Huw Lewis, an Dr Elin Royles agus an Ollamh Wilson McLeod

An Dàmhair 2017



THE UNIVERSITY
of EDINBURGH



Arts & Humanities
Research Council

Website: revitalise.aber.ac.uk

Email: revitalise@aber.ac.uk

Twitter: [@revitalise](https://twitter.com/revitalise)

Geàrr-chunntas

- Tha an aithisg seo ag aithris gnìomharran na ciad bhùth-obrach aig a’ phròiseact **Revitalise**, a chaidh a chumail aig Oilthigh Aberystwyth air 22-23 Cèitean 2017. B’ e tiotal na bùth-obrach **Ath-bheòthachadh cànan, gluasadachd agus cruth-atharrachadh coimhearsnachd**, agus bha e mar amas dhi cothrom a chruthachadh a bhith a’ beachdachadh gu critigeach air na h-atharrachaidhean a chunnacas bho chionn ghoirid a thaobh tuigsean air coimhearsnachd agus na tha sin a’ ciallachadh dhar tuigsean air mar bu chòir ath-bheòthachadh cànan a ghabhail os làimh. Tha na prìomh cho-dhùnaidhean a dh’èirich às a’ bhùth-obrach air an cur an cèill gu h-ìosal.
- **Tuigsean air coimhearsnachd agus spàs a tha stèidhichte air sgìrean no lìonraidhean (tdd. 5-7).** Tha luach fhathast aig tuigsean traidiseanta stèidhichte air sgìrean fa leth a thaobh nam factaran a tha a’ toirt buaidh air beòthalachd cànan. Ach aig an aon àm, feumar beachdachadh air mar a tha am fàs ann an gluasadachd phearsanta agus na h-atharrachaidhean a thaobh nàdar dhàimhean sòisealta a’ toirt buaidh air na cleachdaidhean cànan aig daoine. Air an stèidh seo, tha e deatamach gun dealbhaichear tuigsean air na factaran a bheir buaidh air beòthalachd cànan a tha a’ toirt còmhla mìneachaidhean traidiseanta stèidhichte air sgìrean fa leth agus measadh air tuigsean eile air spàs agus an comann-sòisealta a tha a’ cur barrachd cuideim air lìonraidhean.
- **Cleachdadh cànan agus lìonraidhean sòisealta air-loidhne (tdd. 7-8).** Tha rannsachadh a’ sealltainn gur e nàdar an luchd-èisteachd am factar as cudromaiche a tha a’ toirt buaidh air na roghainnean cànan aig luchd-labhairt mhion-chànanan air ùrlaran air-loidhne. Uime sin bu chòir do dh’oidhirpean cleachdadh mhion-chànanan sna meadhanan sòisealta a bhrosnachadh fòcas a chur air cruthachadh àiteachan no suidheachaidhean anns am bi an ‘roinn gutha’ dhan mhion-chànan air a cur am meud.
- **Imrich, ioma-chultaras agus ath-bheòthachadh cànan (tdd. 8-11).** Tha iomairtean ath-bheòthachaidh cànan a’ tachairt ann an co-theacsan a tha a’ sìor-fhas nas ioma-chànanaiche agus nas ioma-chinnidhiche, seach sa cho-theacs thraidiseanta anns am bi an dà-chànanas a’ gabhail a-steach dìreach aon mhòr-chuid agus aon mhion-chuid. Mar thoradh air sin, bu chòir cuideam nas làidire a chur air a’ cho-thàthadh eadar poileasaidhean is ro-innleachdan a tha ag amas air amalachas in-imrichean agus an fheadhainn a tha ag amas air ath-bheòthachadh cànan. A thuilleadh air sin, bu chòir do dh’oidhirpean air ionnsachadh mhion-chànanan adhartachadh aire a thoirt do na ceistean a tha ag èirigh nuair a thathas a’ cur a’ mhion-chànain air beulaibh ‘luchd-labhairt ùra’ aig a bheil eachdraidhean pearsanta a tha glè eadar-dhealaichte.
- **Taobhan de chur an gnìomh ath-bheòthachaidh cànan (tdd. 11-13).** Tha ‘proifeiseantachadh’ iomairtean ath-bheòthachaidh cànan a’ sìor-fhàs nas follaisiche anns na beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh. Tha buannachdan an lùib a’ phatrain seo ach faodaidh e teannasan a chruthachadh cuideachd. A bharrachd air sin, tha e fhathast deatamach gum bi an sluagh farsaing a’ dol an sàs ann an innleachdan ath-bheòthachaidh cànan. Ach tha an crìonadh a thathas a’ faicinn ann an iomadach àite a thaobh ìrean com-pàirteachaidh chatharra agus neart calpa shòisealta a’ ciallachadh gum bi e na dhùbhlán an dol-an-sàs seo a chumail an àirde.

- **Ceistean a thaobh mhodhan rannsachaidh (td. 13).** Bu chòir rannsachadh a tha ag amas air measadh ìrean comais cànan is cleachdaidh cànan a stèidheachadh air measgachadh de mhodhan àireamhail is càileachdail. Cuideachd, leis mar a tha cleachdaidhean sòisealta a tha stèidhichte air gluasadachd agus lìonraidhean a' nochdadh, dh'fhaodte gun cuidicheadh cleachdadh mhodhan daonn-eòlach ann a bhith a lorg nam factaran a bheir buaidh air cleachdaidhean cànan dhaoine bho latha gu latha. Ge-tà, bu chòir obair den t-seòrsa seo a dhèanamh an co-cheangal ri rannsachadh thar-ùine a tha a' beachdachadh air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig cuid de na croisean-rathaid co-dhùnaidh a dh'èireas sa bheatha agus a dh'fhaodadh a bhith cudromach bho shealladh cànanach.